

Tha tigh'nn fodham èirigh

Iain MacDhùghaill Ic Lachlainn

*Tha tigh'nn fodham, fodham, fodham,
I am minded, minded, minded,
Tha tigh'nn fodham, fodham, fodham,
I am minded, minded, minded,
Tha tigh'nn fodham, fodham, fodham,
I am minded, minded, minded,
Tha tigh'nn fodham èirigh.
I am minded to rise.*

Siud an t-slàinte chùramach;
That's the well judged toast;
Òlmaid gu sunndach i;
Let us drink it cheerfully;
Deoch-slàint' an Ailein Mhùideartaich,
A toast to Alan of Moidart,
Mo dhùrachd dhut gun èirich.
It is my wish for you to rise.

Ged a bhiodh tu fada bhuam,
Although you may be far from me,
Dh' èireadh sunnd is aigne orm;
Raised would be the happiness and spirit in me;
Nuair chluinninn sgeul a b' aite leam
When I would hear the news that would be joyful to me
Air gaisgeach nan gnìomh euchdach.
Of the warrior of the heroic exploits.

'S iomadh maighdeann bharrasach,
There are many excellent maidens,
G' a math d' an tig an earrasaid;
Who well become a woman's robe;
Eadar Baile Mhanaich
Between Balivannich
Agus Caolas Bharraigh 'n dèidh ort.
And the Sound of Barra, who long for you.

Sgiobair ri là gaillinn thu
Skipper for a stormy day you are
A sheòladh cuan na marannan;
Who sails the oceans of the seas;
A bheireadh long gu calachan
Who brings a ship to harbours
Le spionnadh glac do threunfhear.
With the strength of the hands of your warriors.

B' e siud an leòmhann aigeannach,
There it was, the spirited lion,
Nuair nochdadh tu do bhaidealan,
When you unfurled your banners,
Làmh dhearg is long is bradanan
Red hand and ship and salmon
Nuair lasadh meanmna d' eudainn
When pride lit up your face

*tigh'nn - coming; fodham - inclination,
intention, minded. (coming to the
intention)*

èirigh - rise, rebel.

Siud - that; **slàinte** - health, toast;
chùramach - careful, well judged;
Òlmaid - let us drink; **sunndach** -
happy, cheerfully;
Deoch-slàint' - toast;

dhùrachd - wish; **èirich** - arise;

Ged - although; **fada** - **bhuam** from me;
Dh' èireadh - would raise; **sunnd** - joy,
good honour; **aigne** - mind, spirit; **orm** -
on me; **Nuair** - when; **chluinninn** - I
would hear; **sgeul** - story, news; **aite** -
glad, joyful; **leam** - with me; **gaisgeach** -
hero, warrior; **gnìomh** - deed, exploit;
euchdach - heroic, valorous;

iomadh - many; **maighdeann** - maiden;
bharrasach - excellent, superior; **math** -
well, good; **tig** - come; **earrasaid** -
womens' dress or robe of the time; **Eadar**
- between; **Baile Mhanaich** - Balivannich
(village on Benbecula) **dèidh** - desire,
longing; **ort** - on you;

Sgiobair - skipper; **là** - day; **gaillinn** - of
storm; **sheòladh** - sailing; **cuan** - ocean;
marannan - seas; **bheireadh** - bring;
long - ship; **calachan** - harbours;
spionnadh - strength; **glac** - hollow of the
hand; **threunfhear** - warriors;

Siud - there; **leòmhann** - lion; **aigeannach**
- spirited; **Nuair** - when; **nochdadh** -
appeared; **bhaidealan** - ensign, standard;
Làmh - hand; **dhearg** - red; **long** - ship;
bradanan - salmon; **lasadh** - kindle,
light; **meanmna** - pride; **eudainn** - face;
(the lion, the red hand, the ship and the
salmon are some of the symbols on the
Clanranald banner)

This song was written to encourage Ailean Dearg, chief of Clanranald to rise in the Jacobite rebellion of 1715. He fought at the Battle of Sherrifmuir and was mortally wounded there. We sing five of the nine verses of the song